

Freagairt Bhòrd na Gàidhlig do na h-Aithisgean Deireannach air:
Lèirmheas Neo-eisimeileach air Teisteanasan agus Measadh agus an Leirmheas
Neo-eisimeileach air Cruth Libhrigeadh nan Sgilean

It's Our Future: Lèirmheas Neo-eisimeileach Hayward air Teisteanasan agus Measadh

Bu mhath le Bòrd na Gàidhlig moladh mòr a dhèanamh gun deach cùisean co-cheangailte ri Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG) a thoirt a-steach dhan aithisg. Is e deagh fhianais a tha seo gu bheil meòrachadh air cùisean co-cheangailte ri siostam FtG air tòiseachadh mar-thà agus gun gabh adhartas leantainneach a dhèanamh a-nis gus atharrachadh èifeachdach a libhrigeadh do luchd-ionnsachaidh uile na h-Alba. Tha sinn gu sònraichte a' moladh na leanas:

- Tha “Turas Mhaolchaluim” na dheagh eisimpleir air mar a dh'fhaodadh an Dioplòma obrachadh taobh a-staigh roinn FtG (td121)
- Riochdachadh aig FtG thar nan structaran a tha a' cumail taic ri *It's Our Future* a' gabhail a-steach Frèama nan CCG: Buidheann an Luchd-ionnsachaidh / Buidheann Phàrantan is Luchd-cùraim / Buidheann nan Ceannardan Sgoile / Buidheann Thidsearan / Buidhnean Nàiseanta / Buidheann In-ghabhail is Co-ionannachd / Buidheann Luchd-fastaidh Poblach is Treas Roinn.
- Gun deach FtG a thoirt a-steach dhan Ghnìomh Ath-bhreithneachaidh - Buidheann Luchd-ùidh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig
- Tadhalan air sgoiltean le FtG mar phàirt de Phrògram nan Tadhalan Sgoile is Colaiste
- Tha am fòcas air Luchd-ionnsachaidh FtG air an deach iomradh a thoirt (td134) ag ràdh gu soilleir gum feum luchd-ionnsachaidh agus tidsearan FtG “a bhith an sàs ann le dealbhadh agus leasachadh mion-chruth an Dioplòma”.

San fharsaingeachd, tha sinn ag aithneachadh nam buannachdan mòra a bheir Dioplòma Coileanaidh na h-Alba (an Dioplòma) do shiostam Foghlaim na h-Alba agus do luchd-ionnsachaidh.

Tha e deatamach gum bi tuigse shoilleir ann bhon fhìor thoiseach gu bheil Alba a' toirt seachad Foghlam Tràth-bhliadhnaichean, Bun-sgoile agus Àrd-sgoile ann an dà chànan, an dàrna cuid tro mheadhan na Beurla (FtB) no tro mheadhan na Gàidhlig (FtG). Mar sin bu chòir a h-uile gnìomh agus am planadh ro-innleachdail uile a bhith ag aithneachadh an t-suidheachaidh seo. Bheir seo taic do thaobh chudromach den “lèirsinn cho-roinnte ris an do dh'aontaich an luchd-ùidh uile” (*Putting Learners at the Centre*, td14).

Bidh coileanadh Modail Atharrachaidh na h-lomlanachd, a tha air a mhìneachadh ann an Caibideil 2, a' crochadh gu ìre air a bhith a' stèidheachadh tuigse shoilleir gu bheil an dà sheòrsa solair ann an Alba, FtG agus FtB, agus gu bheil daoine òga anns an dà shiostam airidh air cothromas.

Tha sinn air beachdan agus molaidhean mionaideach a thoirt seachad airson gach fear de na 26 molaidhean gus am bi tuigse nas fharsainge ann air mar a bheir an lèirsinn choitcheann seo deagh bhuidh air siostam FtG.

Tha trì earrannan san Dioplòma le grunn chothroman is dùbhlain ag èirigh airson siostam FtG anns gach earrainn. Tha dùbhlain shoilleir ann le a bhith a' cruthachadh phrògraman rannsachaidh cuspair nas fharsainge mar phàirt de na Prògraman

Ionnsachaidh. Ann an cuid de shuidheachaidhean bidh na Prògraman Ionnsachaidh an dà chuid ann am Beurla agus Gàidhlig aig diofar irean. Bidh barrachd adhartais a dhìth bho Ùghdarrasan Ionadail agus bho bhuidhnean nàiseanta. Bidh Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28 agus Planaichean Gàidhlig Ùghdarrasan Ionadail nam modhan cudromach airson adhartas nas luaithe a libhrigeadh san raon seo. Tha Plana Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba airson 2022-27 cuideachd a' toirt dhuinn co-theacsa cudromach airson ceannardas nàiseanta mar a chithear gu h-ìosal:

Amas Àrd-ìre	Nì Riaghaltas na h-Alba oidhirp Gàidhlig a stèidheachadh anns a h-uile iomairt ùr a thaobh poileasaidh foghlaim.
Cleachdadh Làithreach	Tha Riaghaltas na h-Alba dealasach foghlam Gàidhlig fhàs aig a h-uile ìre agus mar sin thèid aire a thoirt do feumalachdan na Gàidhlig fhad 's a tha poileasaidhean air an leasachadh.
Plana Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba, 2022-2027	<p>Leanaidh Riaghaltas na h-Alba orra a' meòrachadh feumalachdan foghlam Gàidhlig agus foghlam luchd-ionnsachaidh Gàidhlig aig a h-uile ìre fhad 's a tha poileasaidhean air an leasachadh.</p> <p>Tha e an dùil gum bi riochdairean bho air feadh na Buidhne-stiùiridh Ionnsachaidh is Buidhne-stiùiridh Leasachaidh an sàs anns a' Bhuidhinn Bhuileachaidh a thathar a' moladh son Plana Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba, gus dèanamh cinnteach gu bheil Gàidhlig stèidhichte ann an leasachaidhean foghlaim.</p> <p>A thuilleadh air an sin, mhol an sgrìobhainn Putting Pupils at the Centre Report on Education Reform mar as urrainn Gàidhlig a bhith stèidhichte ann am buidhnean Foghlaim teachdail is obraichidh sinn leothasan a tha an sàs gus dèanamh cinnteach gu bheil Gàidhlig air a riochdachadh.</p> <p>Tha tuilleadh fiosrachaidh mu mar a tha Riaghaltas na h-Alba a' cuideachadh taic a thoirt don Ghàidhlig tro ar n-obair ri lorg ann an Roinn 3.</p>
Ceann-là	Ro dheireadh 2025
Dleastanas	Foghlam/Corporra/Roinn na Gàidhlig is Albais/Conaltradh

Tha comas aig Ionnsachadh Pròiseict agus aig an t-Slighe Phearsanta cothroman inntinneach ùra a libhrigeadh dhan t-siostam FtG, mar eisimpleir:

- A' cleachdadh gnàth-eòlasan tron Ghàidhlig taobh a-staigh Duais Diùc Dhùn Èideann, Urras a' Phrionnsa, Duais Iain Muir, SSERC, agus Duais Caritas is msaa. Ach bidh barrachd obrach a dhìth gus dèanamh cinnteach gu bheil stuthan agus comhairle Ghàidhlig aig na sgeamaichean duais.
- Bidh e na chothrom agus na dhùbhlain a bhith a' toirt seachad co-theacsan fìor-bheatha (Ionnsachadh Phròiseactan) mar a chaidh a chomharrachadh air td53 de *It's Our Future*.
- Tha na beachdan air Cruthachalachd, Gnìomhachd, Seirbheis (CAS) air td55 airidh air meòrachadh a bharrachd taobh a-staigh siostam FtG, gus an tèid làn chomas an t-suidheachaidh dhà-chànanaich a thoirt gu buil.
- Modhan ionnsachaidh is teagaisg a tha stèidhichte air oileanach – dè dh'fhaodadh seo ciallachadh ann an suidheachadh bogaidh? A-rithist, tha grunn chothroman is dhùbhlain a bharrachd ann do FtG.

Tha eòlas sònraichte aig Bòrd na Gàidhlig air gach taobh de FtG agus is urrainn dhaibh comhairle a thoirt seachad air gach taobh de phlanadh ro-innleachdail nàiseanta.

Ged a bha beagan iomraidhean air FtG anns na h-Aithisgean Anailis agus sna Stuthan-taic tha cothroman a bharrachd ann gus barrachd obair com-pàirteachais a chruthachadh eadar Bòrd na Gàidhlig agus na diofar sgiobaidhean taobh a-staigh Riaghaltas na h-Alba a tha ag obair air Ath-leasachadh Foghlaim. Bheir seo taic do libhrigeadh gealltanais na h-Alba dhan UNCRC (“...dùthaich a tha dealasach a thaobh Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Chloinne (UNCRC, 1989)” mar a chaidh a chur an cèill ann am Facal-toisich *It’s Our Future*). A bharrachd air sin, bheir na cùisean a chaidh a chomharrachadh tro *It’s Our Future* buaidh air Plana Nàiseanta na Gàidhlig a tha air aontachadh le Ministearan na h-Alba, agus raon farsaing de Phlanaichean Gàidhlig a tha gan libhrigeadh le buidhnean poblach agus a tha air an aontachadh le Bòrd na Gàidhlig (m.e. Buidhnean Foghlaim Nàiseanta, Ùghdarrasan Ionadail agus Riaghaltas na h-Alba fhèin).

Tha sinn air beachdan a thoirt seachad gu h-ìosal air pìosan obrach sònraichte co-cheangailte ri *It’s Our Future* agus bidh sinn toilichte conaltradh dìreach a dhèanamh le co-obraichean Ath-leasachadh Foghlaim air mar as urrainn do Bhòrd na Gàidhlig eòlas agus cuideachadh a bharrachd a thoirt seachad.

Sgrìobhainnean co-cheangailte ri *It’s Our Future*:

Lèirmheas Neo-eisimeileach air Teisteanasan agus Measadh

Bha beachdan co-cheangailte ri FtG ann an 3.2 agus 5 agus tha sinn a’ cur fàilte air sin. Bhiodh leudachadh air an raon de chuspairean thairis air earrannan eile air a bhith feumail, m.e. taobh a-staigh diofar earrannan cothromais eadar-dhealaichte agus anns an earrainn mu uallach obrach is ghoireasan luchd-teagaisg is msaa.

Lèirmheas Neo-eisimeileach air Teisteanasan agus Measadh Ìre Mion-sgrùdaidh Dàta 1

Tha iomradh air FtG agus air a’ Ghàidhlig fo Fhèin-aithne Albannach ach tha dìth soilleireachd ann air mar a thug seo buaidh air earrannan eile den aithisg.

Lèirmheas Neo-eisimeileach air Teisteanasan agus Measadh: Anailis air a’ Cho-chomhairle

Chaidh iomradh a thoirt air FtG fo Chuspairean Eile (td18, td25, td42) ach le glè bheag de bhuidhean taobh a-staigh na h-Aithisg Anailis gu h-iomlan. Chan eil e soilleir dè bha an Aithisg Anailis a’ comharrachadh seach a bhith a’ togail grunn cheistean.

Lèirmheas Neo-eisimeileach air Teisteanasan agus Measadh An Lèirmheas agus na Prìomh Mholaidhean

Chan eil iomradh ann air cùisean co-cheangailte ri FtG.

Lèirmheas Neo-eisimeileach air Teisteanasan agus Measadh: Co-chomhairle air Ìre 3

Tha sinn a’ cur fàilte air na beachdan air td6 a thaobh barrachd conaltraidh, agus dh’fhaodadh teachdaireachd shònraichte mu FtG a bhith air a libhrigeadh an seo. Mar an ceudna, air td10 dh’fhaodadh na beachdan mun Mhodail Ùr a thathar a’ Moladh agus mar a dh’fhaodadh seo obrachadh ann am FtG a bhith air a leudachadh. Tha iomradh air Cultar na Gàidhlig air td12, agus bhiodh co-theacs no mineachadh air a bhith cuideachail. Tha sinn a’ cur fàilte air na geallaidhean air td15 a’ gabhail a-steach a bhith “a’ dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile buidheann le ùidh sa chùis air an gabhail a-steach”.

Lèirmheas Neo-eisimeileach air Teisteanasan agus Measadh Stuthan Com-pàirteachaidh

Cha robh mòran susbaint ann co-cheangailte ri FtG. Bha cothroman ann tron ghoireas gus seo a dhèanamh m.e., fiosrachadh sònraichte air C5 a dh'fhaodadh a bhith air a leudachadh / atharrachadh agus/no airson molaidhean a bharrachd a thoirt seachad airson ceistean eile. Bha iomradh ann fo Shlighe Phearsanta fo "Chultarach", ach chan eil co-theacs no mìneachadh ann. Chan eil e soilleir ciamar a dh'fhaodadh an goireas seo a bhith air a chleachdadh ann an roinn FtG.

Tha e cudromach gun tèid siostam FtG a riochdachadh agus a mheas taobh a-staigh na h-obair planadh ro-innleachdail uile a nithear mar thoradh air *It's Our Future*. Tha sinn a' moladh, nuair a bhios gach iomairt ga phlanadh, gun tèid meòrachadh sa chiad dol a-mach air a' bhuidheann air FtG agus an uair sin gun tèid puingeann gnìomh mionaideach aontachadh, mar a chaidh a stèidheachadh mar-thà airson cùisean co-ionannachd. A bharrachd air a bhith a' toirt a-steach FtG ann am planadh ro-innleachdail uile, tha sinn a' moladh gun tèid Buidheann Fòcais Sònraichte airson FtG a stèidheachadh gus taic a thoirt do dh'obair cho-òrdanaichte thar sruthan-obrach agus iomairtean. Dh'fhaodadh seo a bhith coltach ris an structar a chaidh a stèidheachadh mar-thà a' cumail taic ri *It's Our Future* – is dòcha dreach leudaichte den CCG.

Tha sinn a' moladh gum biodh seo a' gabhail a-steach riochdachadh bho na leanas, mar bhunait (le riochdachadh a bharrachd air a planadh leis a' phrìomh bhuidhinn):

- Bòrd na Gàidhlig
- Buidhnean Foghlaim Nàiseanta
- Comann nam Pàrant Nàiseanta
- Riochdachadh le tidsearan FtG a' gabhail a-steach CLAS (Comann Luchd-Teagaisg Àrd-sgoiltean)
- Sgioba Ath-leasachaidh Foghlaim, Riaghaltas na h-Alba
- Roinn na Gàidhlig is na h-Alba, Riaghaltas na h-Alba

Cuiridh an structar seo ri tuigse nas fheàrr air cùisean agus ri bhith a' cruthachadh puingeann gnìomh soilleir. Dh'fhaodadh eisimpleirean de chùisean tar-ruigheach a bhith a' gabhail a-steach na leanas:

- “Fhuair *Putting Learners at the Centre*...teachdaireachdan soilleir bho luchd-cleachdaidh agus luchd-ùidh gun robh feum air atharrachadh cultair agus inntinn”. Bha raon farsaing de bheachdan agus de mholaidhean air Gàidhlig agus FtG anns an aithisg, agus chuir sinn fàilte mhòr air seo.
- Ceist a chaidh a chur: td13 “ciamar a dh'fhaodadh teisteanasan agus measadh atharrachadh gus dèanamh cinnteach gum faigh gach neach-ionnsachaidh ann an Alba na cothroman beatha as fheàrr”. Mar phàirt de fhreagairt sam bith bu chòir sealladh FtG a bhith air a ghabhail a-steach.
- Buaidh Covid "Clann fo ana-chothrom" td19. Thug sinn fa-near do raon de bheachdan anns an earrainn seo. Tha buaidh shònraichte air a bhith air FtG agus foghlam bogaidh, agus tha barrachd beachdachaidh a dhìth.
- Leasan a chaidh ionnsachadh leis an lèirmheas td48 – bidh cùisean sònraichte ag èirigh taobh a-staigh roinne FtG co-cheangailte ri, mar eisimpleir, goireasan, dreuchdan agus dleastanasan, tidsearan a bhith a' cruthachadh agus a' co-roinn inbhean is msaa.
- Bu chòir slatan-tomhais eadar-nàiseanta a thaobh foghlam bogaidh a rannsachadh barrachd gus am bi cleachdadh ann an Alba air aithneachadh mar foghlam àrd-chàileachd – dh'fhaodadh seo a bhith

a' gabhail a-steach meòrachadh air structaran agus stiùireadh Bogadh Fraingis British Columbia, obair Bilingualism Matters, an obair rannsachaidh leantainneach aig Oilthigh Dhùn Èideann agus Oilthigh Shrath Chluaidh.

Thar nan 26 molaidhean tha sinn air diofar chùisean a chomharrachadh a bhiodh iomchaidh cuideachd airson beachdachadh air leis na diofar structaran a thèid a thogail mar thoradh air *It's Our Future*.

Moladh	Freagairtean a bharrachd bho Bhòrd na Gàidhlig
<p>Moladh 1: Atharraich Teisteanasan agus Measadh san Ìre an Àirde ann an Alba. Feumaidh atharrachadh a bhith air a dhealbhadh gu faiceallach agus air a ghoireasachadh.</p>	<p>Bhiodh e air a bhith feumail solar FtG agus FtB a chomharrachadh anns na beachdan tòiseachail. Feumaidh am pròiseas atharrachaidh a dhèanamh le tuigse shoilleir gu bheil foghlam air a thoirt seachad ann an dà chànan ann an Alba agus gu bheil a' mhòr-chuid de dh'Ùghdarrasan Ionadail a' libhrigeadh FtG.</p>
<p>Moladh 2: Lean air adhart leis a' phròiseas de dh'atharrachadh chultarach. Bu chòir do dh'Alba structar an IRG agus nan CCGan co-cheangailte a chumail mar phrìomh mhodh com-pàirteachaidh</p>	<p>San fharsaingeachd, tha sinn ag aontachadh agus tha sinn a' moladh ath-sgrùdadh a dhèanamh air an structar gus dèanamh cinnteach gu bheil an fharsaingeachd de bheachdan a tha a dhìth bho roinn FtG ga cruinneachadh gu h-iomchaidh. Bidh Bòrd na Gàidhlig toilichte fios a thoirt do lèirmheas.</p>
<p>Moladh 3: Obraich ann an com-pàirteachas le dùthchannan le àrd-amasan coltach ri Alba gus teisteanasan agus measadh a chruthachadh.</p>	<p>San fharsaingeachd, tha sinn ag aontachadh agus a' moladh leudachadh a bharrachd gus seallaidhean eadar-nàiseanta air Foghlam Dà-chànanach agus Bogaidh a ghabhail a-steach gus am bi Alba a' togail air rannsachadh agus eòlas ann an dùthchannan eile.</p>
<p>Moladh 4: Gabh ris an Lèirsinn agus na Prionnsapalan a thathar a' moladh san Lèirmheas seo airson poileasaidh agus cleachdadh.</p>	<p>San fharsaingeachd tha sinn ag aontachadh agus tha sinn a' toirt fa-near na leanas: <i>*Bu chòir seo a bhith a' gabhail a-steach luchd-ionnsachaidh, pàrantan / luchd-cùraim, tidsearan / òraidichean, buidhnean nàiseanta, colaistean, oilthighean, fastaichean agus roinn shaor-thoileach" (td59)</i> Mar a chaidh a chomharrachadh san aithisg fhèin agus tron tagradh seo, bu chòir seo daonnan a bhith a' gabhail a-steach seallaidhean air FtG bho gach tè de na buidhnean sin air an liosta agus bho Ùghdarrasan Ionadail, le mòran dhiubh a' libhrigeadh Phlanaichean Gàidhlig a bheir buaidh dhìreach air</p>

	<p>libhrigeadh FtG.</p>
<p>Moladh 5: Gabh ris an Dioplòma mar an dòigh-obrach ùr a thaobh teisteanasan agus measadh.</p>	<p>San fharsaingeachd tha sinn ag aontachadh agus tha sinn a' toirt fa-near do na leanas:</p> <p><i>“Feumar cothrom a thoirt dhan a h-uile neach-ionnsachaidh eòlas fhaighinn air ionnsachadh anns gach eileamaid den Dioplòma. Bu chòir seo a mheas mar chòir.”</i></p> <p>Tha feum a-nis air meòrachadh mionaideach agus aonta nàiseanta air seata de leasachaidhean gus a' chòir a libhrigeadh taobh a-staigh roinn FtG.</p>
<p>Moladh 6: Cleachd an Dioplòma mar theisteanas ceumnachaidh airson gach suidheachadh foghlaim Ìre as Àirde.</p>	<p>San fharsaingeachd tha sinn ag aontachadh agus tha sinn a' cur fàilte air iomradh sònraichte air FtG (a' gabhail a-steach iomradh co-cheangailte ri pròifilean didseatach) agus tha sinn a' toirt fa-near do na leanas:</p> <p><i>“Feumar cothrom a thoirt dhan a h-uile neach-ionnsachaidh eòlas fhaighinn air ionnsachadh anns gach eileamaid den Dioplòma. Bu chòir seo a mheas mar chòir.”</i></p> <ul style="list-style-type: none"> <i>• Bu chòir gum biodh gach eileamaid den Dioplòma ruigsinneach do Luchd-ionnsachaidh tro Mheadhan na Gàidhlig.</i> <i>• Feumaidh a' phròifil dhidseatach a bhith ruigsinneach dhan a h-uile neach-ionnsachaidh agus ri faighinn sa Ghàidhlig agus mion-chànanan eile.”</i> <p>Bidh mòran cnuasachaidh agus planadh cudromach a dhìth a-nis gus dòighean libhrigidh ùra a dhealbhadh a bhios iomchaidh dhan roinn FtG gus dèanamh cinnteach gu bheil a' chòir air a toirt seachad an dà chuid ann am FtG agus FtB.</p> <p>Thugadh fa-near do dh'ionnsachadh-e gu h-iomlan a' gabhail a-steach e-Sgoil agus tha e cudromach gum bi barrachd soilleireachd air mar a bhios àrd-ùrlaran e-ionnsachaidh a' libhrigeadh roinnean den Dioplòma ann am FtG. Chan e a-mhàin na cùisean teicnigeach co-cheangailte ri pròifil didseatach a bhios ro-chudromach ach na bhios a dhìth gus dèanamh cinnteach gu bheil gnàth-eòlasan àrd-inbhe air an clàradh ann am pròifilean didseatach.</p>

<p>Moladh 7: Bu chòir an eileamaid Phrògraman Ionnsachaidh a bhith riatanach gus an Dioplòma a bhuileachadh. Bu chòir raon farsaing de chùrsaichean a thabhan dhan a h-uile neach-ionnsachaidh a' gabhail a-steach cùrsaichean acadaimigeach, dreuchdail, proifeiseanta agus teicnigeach. Is e còir a th' ann.</p>	<p>San fharsaingeachd, tha sinn ag aontachadh agus a' toirt fa-near gu sònraichte do na leanas a thaobh roinne FtG:</p> <ul style="list-style-type: none"> • <i>Thoir piseach air adhartas eadar Foghlam Farsaing Coitcheann agus an Ìre as Àirde agus taobh a-staigh na h-Ìre as Àirde ann an sgoiltean agus colaistean.</i> • <i>Leudaich an raon de dhòighean measaidh airson Teisteanasan Nàiseanta san Ìre as Àirde a' gabhail a-steach barrachd chothroman airson measadh sa chlas.</i> • <i>Cuir ri sùbailteachd le bhith a' cur chùrsaichean agus Prògraman Ionnsachaidh ann am modalan.</i> <p>Tha sinn a' moladh gum bu chòir ath-sgrùdadh farsaing a bhith ann a-nis air mar a thèid na trì eileamaidean sin (còmhla ri feadhainn eile) a lìbhrigeadh taobh a-staigh roinn FtG Bu chòir planadh mionaideach airson roinn FtG a bhith air fhisge a-steach dhan phlanadh nàiseanta airson an Dioplòma mar a thathar a' moladh.</p>
---	--

<p>Moladh 8: Gum bi an eileamaid Slighe Pearsanta riatanach airson buileachadh an Dioplòma. Is e còir a th' ann agus feumaidh e a bhith ri fhaighinn dhan a h-uile neach-ionnsachaidh.</p> <p>Moladh 9: Cleachd tuairisgeulan air adhartas eòlais agus air an fhrèam sgilean uile-choitcheann anns an Lèirmheas Sgilean a chaidh fhoillseachadh bho chionn ghoirid (Withers, 2023), ma thèid gabhail ris, gus dhealbhadh Ionnsachadh Pròiseict san Dioplòma fhiosrachadh. Bu chòir dhaibh cuideachd a bhith air an cleachdadh mar bhunait a' mheasaidh.</p> <p>Moladh 10: Gum bi an eileamaid Ionnsachadh Pròiseact riatanach airson buileachadh an Dioplòma. Is e còir a th' ann agus feumaidh e a bhith ri fhaighinn dhan a h-uile neach-ionnsachaidh.</p>	<p>San fharsaingeachd tha sinn ag aontachadh ri susbaint a' mholaidh agus a' toirt fa-near do na leanas:</p> <ol style="list-style-type: none"> a) Tha sinn a' cur fàilte chridheil air a bhith a' toirt a-steach cultar na Gàidhlig fo ghniomhachdan cultarach, air an liostadh air td68. b) Bidh feum air fòcas sònraichte air coidseadh agus meantoradh air td69 ann an roinn FtG. c) A-rithist, bu chòir aire shònraichte a thoirt dhan chòmhradh mheòrachail phearsanta ann an roinn FtG. d) Chaidh ceist a' chothromais a thogail ann an earrann 4.7. Tha sinn ag aontachadh gum bi seo na chùis chudromach airson beachdachadh agus meòrachadh air eadar solar FtG agus FtB. e) Tha cothroman do luchd-ionnsachaidh air fad san àite-obrach air an comharrachadh mar cheist agus a-rithist bu chòir cnuasachadh sònraichte a bhith
---	--

	<p>ann a thaobh nan cothroman do dhaoine òga ann am FtG.</p> <p>f) Tha sinn a' cur fàilte air na beachdan air Aithisg Withers agus comhairle mu dhreuchdan (td71) a' gabhail a-steach dealas a thaobh feumalachdan gach neach-ionnsachaidh. Bidh e cudromach dèanamh cinnteach gu bheil comhairle dhreuchdan iomchaidh ann dhan a h-uile neach-ionnsachaidh ann an roinn FtG (tha Bòrd na Gàidhlig air pàipear freagairt air <i>Fit for the Future</i> a sgrìobhadh a bu chòir a leughadh còmhla ris a' phàipear seo).</p> <p>g) Tha sinn a' cur fàilte air na beachdan mu na buidhnean foghlaim nàiseanta ùra agus tha sinn a' toirt fa-near do na leanas:</p> <p><i>“Bu chòir do na Buidhnean Nàiseanta Ùra ... obrachadh còmhla ri com-pàirtichean, a' gabhail a-steach tidsearan, òraidichean, fastaichean agus oilthighean gus eisimpleirean a chruthachadh air cò ris a dh'fhaodadh lonnsachadh Pròiseict a bhith coltach ann an da-rìribh ann an diofar cho-theacsan” (td73).</i></p> <p>Bidh e ro-chudromach dèanamh cinnteach gu bheil an obair uile a nithear a' freagairt air feumalachdan roinne FtG a bharrachd air solar FtB.</p> <p>A bharrachd air sin, nuair a thèid taobh sam bith de lìbhrigeadh a mheasadh a tha co-cheangailte ris an t-Slighe Phearsanta, bu chòir bunaithean fianais a bhith a' gabhail a-steach fiosrachadh bho na roinnean FtG agus FtB.</p>
<p>Moladh 11: Cuir ri co-ionannachd meas eadar diofar sheòrsaichean theisteanasan le bhith ag aithneachadh gach teisteanas aig an aon ìre SCQF leis na h-aon phuingean creideis mar teisteanasan co-ionann.</p>	<p>San fharsaingeachd tha sinn ag aontachadh ris a' phrionnsapal gum bu chòir aithne iomchaidh a thoirt do gach eileamaid den Dioplòma agus tha sinn a' moladh gun tèid sgrùdadh faiceallach a dhèanamh air mar a bhios daoine òga ann am FtG a' dol an sàs anns na diofar eileamaidean gus dèanamh cinnteach gu bheil co-ionannachd cothroman ann eadar FtG agus FtG.</p>
<p>Moladh 12: Stèidhich Coimisean Tar-roinneil air inntleachd fuadain (AI)</p>	<p>San fharsaingeachd, tha sinn ag aontachadh gum bu chòir do Riaghaltas</p>

	<p>na h-Alba coimisean Tar-roinne a stèidheachadh agus a stiùireadh gus co-sheasamh luachan a chruthachadh a thaobh na tha an dàn do AI ann am foghlam agus a bhith a' cruthachadh seata de phrionnsabalan stiùiridh airson a bhith a' cleachdadh AI. Bu chòir riochdachadh bhon roinn FtG a bhith air a' choimisean agus mar a chaidh a chomharrachadh ann an TD79, bu chòir dha "Comhairle agus taic shoilleir do thidsearan..." a thoirt seachad a' gabhail a-steach luchd-teagaisg ann an roinn FtG.</p>
<p>Moladh 13: Cruthaich plana nàiseanta gus an Dioplòma a thoirt gu buil dhan a h-uile neach-ionnsachaidh anns gach suidheachadh foghlaim.</p>	<p>San fharsaingeachd tha sinn ag aontachadh gum</p> <p><i>"bu chòir plana nàiseanta aontachadh gus an Dioplòma a thoirt a-steach agus a leasachadh gus beachdan-smaoin a thoirt gu buil dhan h-uile neach-ionnsachaidh anns a h-uile suidheachadh foghlaim. Bu chòir dhan phlana seo a bhith a' toirt aghaidh air a' bhuaidh air goireasan."</i></p> <p>Bu chòir aire shònraichte a thoirt do dh'fheumalachdan roinn FtG taobh a-staigh a' phlana nàiseanta.</p>
<p>Moladh 14: Cruthaich am plana nàiseanta agus am pròiseas atharrachaidh nas fharsainge ann an dòighean a tha in-ghabhalach agus co-obrachail.</p>	<p>San fharsaingeachd, tha sinn ag aontachadh gum bu chòir am plana nàiseanta airson an Dioplòma a bhith stèidhichte air an Lèirsinn agus na Prionnsapalan, ach bu chòir aire nas soilleire a thoirt do cho-theacs sònraichte FtG gus am bi</p> <p><i>"comharra soilleir air mar a chuireas diofar choimhearsnachdan ri bhith a' toirt na beachdan san Lèirsinn gu buil airson gach neach-ionnsachaidh ann an Alba"</i> a thaobh luchd-ionnsachaidh ann am FtG.</p> <p>Tha sinn ag ionnsachadh gu bheil</p> <p><i>"cothroman aig a h-uile coimhearsnachd tuigse fhaighinn air an dòigh-obrach ùr a thaobh siostam measaidh is teisteanais ann an Alba."</i></p>

	<p>Bu chòir seo a bhith a' gabhail a-steach an dà chuid co-theacsan FtG bailteil agus dùthchail. Tha sinn a' cur fàilte air a' mholadh gum</p> <p><i>“bu chòir cuairt ath-bhreithneachaidh (Moladh 4) a bhith anns a' phlana far a bheil fianais air a chruinneachadh bho phoileasaidh agus cleachdadh gus an dàimh eadar beachdan agus cleachdadh a sgrùdadh agus gus gnìomhan iomchaidh a ghabhail.”</i></p> <p>Bu chòir fianais mu adhartas ann an roinn FtG a bhith mar phàirt de seo bhon fhìor thoiseach mar phàirt den chuairt ath-bhreithneachaidh.</p>
<p>Moladh 15: Thoir a-staigh an Dioplòma ann an ìrean.</p>	<p>San fharsaingeachd tha sinn ag aontachadh le bhith ga thoirt a-steach mean air mhean.</p>
<p>Moladh 16: Thoir ùine do luchd-obrach an Fhoghlaim. Luchd-obrach foghlaim Tha feum aig luchd-obrach foghlaim air ùine airson ionnsachadh proifeiseanta, gus co-obrachadh agus airson a dhol an sàs leis na h-atharrachaidhean a tha gam moladh.</p> <p>Leis na feumalachdan sònraichte a th' aig roinn FtG tha e cudromach gum bi ionnsachadh proifeiseanta air a dhealbhadh gus taic a thoirt dhan Dioplòma do luchd-ionnsachaidh agus luchd-foghlaim na Gàidhlig.</p>	<p>Tha sinn gu mòr a' cur fàilte air aithneachadh “feumalachdan sònraichte” na roinne FtG agus air a' mholadh airson gnìomhan sònraichte gus ionnsachadh proifeiseanta iomchaidh a thoirt seachad.</p>
<p>Moladh 17: Cruthaich ro-innleachd com-pàirteachaidh agus conaltraidh fad-ùine.</p>	<p>San fharsaingeachd, tha sinn ag aontachadh agus mholamaid gum bi seo a' gabhail a-steach luchd-cleachdaidh FtG, daoine òga agus an teaghlach agus na meadhanan Gàidhlig.</p>
<p>Moladh 18: Cruthaich ro-innleachd nàiseanta airson inbhean.</p>	<p>San fharsaingeachd tha sinn ag aontachadh gum</p> <ul style="list-style-type: none"> • Bu chòir plana nàiseanta aontaichte a bhith ann gus inbhean ionadail is nàiseanta a chruthachadh agus a chumail suas airson teisteanasan agus measadh. <p>Bidh feum air fòcas sònraichte air grunn raointean co-cheangailte ri FtG a' gabhail a-steach na leanas:</p> <ul style="list-style-type: none"> – a' co-roinn agus a' beachdachadh air

	<p>eisimpleirean td93 Feumaidh tuigse mhath a bhith aig tidsearan air inbhean... td93 Tha siostam nàiseanta a dhith ma tha modarataireachd gu bhith èifeachdach td93. Mar a bheir claonadh (cinnidh, gnè, clas agus ciorram) buaidh air breithneachadh proifeiseanta nan tidsearan td93 – bu chòir daoine dà-chànanach òga ann an solar bogaidh a bhith air an gabhail a-staigh cuideachd.</p>
<p>Moladh 19: Bu chòir do Riaghaltas na h-Alba agus do na buidhnean foghlam nàiseanta ùra atharrachadh cultarail a mhodaileadh.</p>	<p>Nuair a thèid an Dioplòma a leasachadh agus a thoirt a-steach, bu chòir do Riaghaltas na h-Alba agus na buidhnean foghlaim nàiseanta ùra atharrachadh cultarach a mhodaileadh le bhith ag obair còmhla ann an dòighean a tha ag aithneachadh agus a' cur luach air na tha gach com-pàirtiche a' cur ris a' chùis. Tha sinn a' cur fàilte air a' ghealltanais seo agus tha sinn a' dèanamh fiughair ri dòigh-obrach lèirsinneach a thaobh solar FtG agus FtB.</p>
<p>Moladh 20: Leabaich leasachaidhean Teisteanasan agus Measaidh gu soilleir agus gu follaiseach taobh a-staigh clàr-gnothaich an ath-leasachaidh nas fharsainghe.</p>	<p>San fharsaingeachd tha sinn ag aontachadh ris an dòigh-obrach agus tha sinn a' toirt fa-near na leanas:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Feumaidh Riaghaltas na h-Alba, mar chùis èiginn, aithris shoilleir a chur an cèill a sheallas mar a tha leasachaidhean ann an teisteanasan agus measadh nam pàrtean bunaiteach den chlàr-obrach ath-leasachaidh san fharsaingeachd. • Bu chòir do Riaghaltas na h-Alba structaran co-obrachail a stèidheachadh gus cruthachadh an Dioplòma a thoirt air adhart a tha mar sgàthan air an fheadhainn a chaidh a chruthachadh tron Lèirmheas seo gus dèanamh cinnteach gum bi a h-uile duine aig a bheil ùidh ann an teisteanasan agus measaidhean fhathast nam pàirt den ro-innleachd gus a chur an gnìomh. <p>Bidh e deatamach gum bi roinn FtG air a gabhail a-steach ann an Ath-leasachadh Foghlaim uile agus tha sinn a' dèanamh fiughair ri obair com-pàirteachais dlùth eadar Bòrd na Gàidhlig agus na Sgiobaidhean Ath-leasachaidh Foghlaim.</p>
<p>Moladh 21: Dealbhaich a' bhuidheann</p>	<p>Tha sinn a' cur fàilte air an dòigh-obrach</p>

<p>theisteanasan nàiseanta ùr airson a bhith ag obair ann an com-pàirteachas le luchd-ionnsachaidh, luchd-teagaisg agus coimhearsnachdan poileasaidh is rannsachaidh gus:</p>	<p>seo agus a' toirt fa-near do na leanas:</p> <p><i>Leudachadh a thoirt air an raon de dhòighean measaidh taobh a-staigh Theisteanasan Nàiseanta agus comharrachadh a dhèanamh air dè na gnìomhan eile a dh'fhaodadh a bhith air an gabhail gus an comas airson ionnsachadh air meomhair a lùghdachadh agus gnàth-eòlas an neach-ionnsachaidh a neartachadh.</i></p> <p><i>An raon chùrsaichean a th' ann mar-thà a dhèanamh nas sìmplidh gus tairgse shoilleir, cunbhalach a chruthachadh do luchd-ionnsachaidh, pàrantan/luchd-cùraim, sgoiltean, colaistean, fastaichean agus oilthighean.</i></p> <p><i>Dòigh-obrach ùr a thaobh theisteanasan is measaidh a chruthachadh anns am bi misneachd a' phobaill, air a bheil meas mòr gu nàiseanta agus a tha làidir ach gun a bhith ro bhiùocratach.</i></p> <p>Còmhla ri cùisean co-cheangailte eile bidh cùisean sònraichte co-cheangailte ri, mar eisimpleir:</p> <p>Dòighean measaidh FtG An raon de chùrsaichean ann am FtG agus planaichean leasachaidh Ùghdarrasan Ionadail Misneachd a' phobaill ann an roinn FtG (daoine òga, teaghlaichean, luchd-obrach proifeiseanta).</p>
<p>Moladh 22: Iarr air a' bhuidheann curraicealaim ùr a bhith ag obair le luchd-ionnsachaidh, tidsearan, agus coimhearsnachdan poileasaidh agus rannsachaidh ann an com-pàirteachas leis a' bhuidhinn theisteanasan ùra.</p>	<p>San fharsaingeachd tha sinn a' cur fàilte air a' mholadh agus a' toirt fa-near:</p> <ul style="list-style-type: none"> • <i>Thoir piseach air adhartas chùrsaichean eadar Foghlam Farsaing Coitcheann agus an Ìre as Àirde agus taobh a-staigh nan Teisteanasan a tha gan toirt seachad aig an Ìre as Àirde.</i> • <i>Co-chruthaich agus dèan deuchainn air eisimpleirean de dh'ionnsachadh Pròiseict ann an diofar ionadan foghlaim air feadh na dùthcha.</i> <p><i>Bu chòir cothrom a bhith aig colaistean agus sgoiltean gu nàiseanta air na h-eisimpleirean seo gus an urrainn do luchd-teagaisg/òraidichean an atharrachadh a rèir an t-suidheachaidh aca fhèin.</i></p> <ul style="list-style-type: none"> • <i>Obraich còmhla ri ùghdarrasan</i>

	<p><i>ionadail, sgoiltean, colaistean, tidsearan agus òraidichean gus siosam modarataireachd nàiseanta a thogail a tha làidir ach co-rèireach.</i></p> <p>Bidh dùbhlain agus cothroman sònraichte ann taobh a-staigh roinne FtG, agus mar eisimpleirean thathar air trì cùisean a chomharrachadh an seo (ann an clò trom).</p>
<p>Moladh 23: Iarr air an Luchd-sgrùdaidh Neo-eisimeileach (HMIE) a bhith ag obair ann an com-pàirteachas le luchd-ionnsachaidh, luchd-teagaisg agus coimhearsnachdan poileasaidh is rannsachaidh.</p>	<p>San fharsaingeachd tha sinn a' cur fàilte air a' mholadh agus a' toirt fa-near:</p> <ul style="list-style-type: none"> • <i>Dèan cinnteach gu bheil am pròiseas sgrùdaidh a' cumail taic èifeachdach ri bhith a' toirt a-steach an Dioplòma ann an dòighean a tha co-chòrdail ri cultar co-obrachail le cumhachd.</i> • <i>Dèan lèirmheas air cleachdadh le luchd-rannsachaidh agus luchd-cleachdaidh fhad 's a tha an Dioplòma ga leasachadh agus gus comharrachadh a bheil beàrnan a' nochdadh eadar rùintean agus cleachdaidhean. Bu chòir an fhianais a thig às na Lèirmheasan seo a chleachdadh gus gnìomhan a chomharrachadh gus am pròiseas ath-thaobhadh.</i> <p>Mar a chuir sinn an cèill ann am beachdan eile, bu chòir a dhearbhadh bhon fhìor thoiseach gun tèid an dà chuid roinnean FtG agus FtB a ghabhail a-steach.</p>
<p>Moladh 24: Stèidhich an Dioplòma mar chleachdadh ris a bheilear an dùil bho thidsearan:</p>	<p>San fharsaingeachd tha sinn a' cur fàilte air a' mholadh agus a' toirt fa-near:</p> <ul style="list-style-type: none"> • <i>Bu chòir do dh'Institiudan Foghlaim Thidsearan obrachadh còmhla ri GTCS gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air na prògraman aca gus dèanamh cinnteach gu bheil tidsearan àrd-sgoile agus òraidichean colaiste ùra air an deagh ullachadh airson a bhith ag obair leis na diofar eileamaidean den Dioplòma.</i> • <i>Mar phàirt den chuairt ath-sgrùdaidh aca, bu chòir do GTCS a bhith a' nochdadh gum feum air a h-uile tidsear àrd-sgoile a bhith ag obair leis an Dioplòma anns na h-Inbhean Proifeasanta aca.</i> • <i>Bu chòir do sholaraidhean</i>

	<p><i>Teisteanasan Teagaisg ann am Foghlam Adhartach (TQFE) ath-sgrùdadh a dhèanamh air na prògraman aca gus dèanamh cinnteach gu bheil òraidichean colaiste air an deagh ullachadh airson obrachadh leis na diofar eileamaidean den Dioplòma.</i></p> <p>Nuair a thèid cùrsaichean ITE ùrachadh agus ath-sgrùdadh bu chòir cùrsaichean is modalan FtG a bhith air am measadh mar an ceudna agus gnìomhan air an gabhail, gus dèanamh cinnteach gu bheil libhrigeadh a' toirt taic dhan Dioplòma san roinn FtG.</p>
<p>Moladh 25: Brosnaich colaistean, fastaichean agus oilthighean gus a' bhunait fianais nas fharsainghe a bheir an Dioplòma seachad a chleachdadh mar bhunait airson co-dhùnaidhean a nì iad nuair a tha iad a' taghadh oileanaich no luchd-obrach.</p>	<p>Tha sinn a' cur fàilte air a' ghealladh seo agus air a' mholadh gun tèid buannachdan dà-chànanais a chomharrachadh (m.e. fuasgladh dhuilgheadasan is msaa). Tha sinn a' moladh gum bu chòir ceangal a bhith ann ri rannsachadh eadar-nàiseanta air an luach a bharrachd aig foghlam dà-chànanach agus bogaidh.</p>
<p>Moladh 26: Bheir air siostaman sgrùdaidh agus cunntachalachd nàiseanta fiosrachadh a chruinneachadh mun raon de choileanaidhean a tha aithnichte taobh a-staigh an Dioplòma.</p> <p>Bu chòir lèirsinn agus am Frèam Leasachaidh Nàiseanta ùrachadh gus soirbheas den t-seòrsa ris a bheil dùil san Dioplòma a nochdadh.</p>	<p>Tha sinn a' cur fàilte air a' mholadh seo agus mholamaid gum beachdaichear gu faiceallach air mar a bhiodh e a' buntainn ri roinn FtG.</p>

Fit for the Future: developing a post-school learning system to fuel economic transformation: Lèirmheas air Cruth-tìre Libhrigidh nan Sgilean

Tha am pàipear freagairt seo bho Bhòrd na Gàidhlig a' toirt fiosrachadh seachad air mar a dh'fhaodadh daoine de gach aois air feadh Coimhearsnachdan Gàidhlig na h-Alba a bhith air an gabhail a-steach san lèirsinn sin. Bidh Bòrd na Gàidhlig glè thoilichte conaltradh air gin de na cùisean air an deach iomradh a thoirt nar freagairt.

Tha an fhreagairt ann an ceithir earrannan, mar a leanas:

1. Beachdan agus molaidhean co-cheangailte ri ullachadh airson an Lèirmheis.
2. Co-theacsan nàiseanta airson an Lèirmheis.
3. Beachdan sònraichte a bharrachd airson Caibideil 1-3
4. Na molaidhean agus freagairtean bho Bhòrd na Gàidhlig

San fharsaingeachd, tha sinn a' cur fàilte air na leasachaidhean a thathar a' moladh ann am *Fit for the Future* agus tha sinn a' toirt fa-near dhan aithris lèirsinneach sa cho-dhùnadh a tha a' bruidhinn air siostam a chruthachadh a

“bheir do luchd-ionnsachaidh de gach aois na tha a dhith orra gus an soirbheachas fhèin a mhìneachadh agus a choileanadh anns an t-slighe dhreuchd a tha ceart dhaibh”

1. Ullachadh airson an Lèirmheis.

Cha robh iomradh sam bith anns a' Phàipear Co-chomhairleachaidh air na diofar cho-theacsan co-cheangailte ri Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG) no air luchd-labhairt na Gàidhlig agus cha robh e soilleir an deach ion-chur sam bith a phlanadh ann an libhrigeadh nan Seiseanan Com-pàirteachaidh.

Tha sinn a' moladh gun tèid barrachd cnuasachaidh a dhèanamh air mar as fheàrr a bheirear piseach air obair com-pàirteachais eadar Bòrd na Gàidhlig agus sgioba Ath-leasachadh an Fhoghlaim gus an tèid fiosrachadh agus eòlas a cho-roinn thairis air na sgiobaidhean.

Ma nithear cinnteach gu bheil na stuthan taic air an cur ann an làn cho-theacsa, bheir seo taic ri bhith a' toirt seachad fiosrachadh a bharrachd taobh a-staigh aithisg anailis.

Tha sinn toilichte gun deach beachdan co-cheangailte ri Gàidhlig agus FtG a thoirt a-steach dhan Aithisg Anailis, agus tha sinn a' toirt fa-near do na leanas:

- Coimhearsnachdan Gàidhlig agus solar sgilean (td9)
- Iomradh sònraichte air FtG agus margaidh obrach na Gàidhlig (td67)
- Sgilean dà-chànanach (td68)
- Co-leanailteachd san dòigh-obrach a thaobh CIAG ann am FtG uile (td84)

Ach, cha robh e soilleir ciamar a thug na beachdan buaidh air an dàrna cuid an aithisg dheireannach no air gin de na prìomh theachdaireachdan san Aithisg Anailis fhèin. Bhiodh Bòrd na Gàidhlig toilichte comhairle agus taic phroifeiseanta a thoirt seachad san raon seo.

2. Co-theacsan Nàiseanta airson an Lèirmheis

Co-cheangailte ris na beachdan ann an Ullachadh airson an Lèirmheis dh'fhaodadh gum biodh e cuideachail geàrr-chunntas a dhèanamh air a' cho-theacsa airson Gàidhlig, FtG agus *Fit for the Future*. Tha e cudromach gum beachdaichear air na h-eileamaidean a leanas:

- Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chaidh aontachadh le Ministearan na h-Alba a' mìneachadh na dòigh-obrach ro-innleachdail nàiseanta gus Gàidhlig a leasachadh anns gach taobh de bheatha na h-Alba. Mar sin tha e na cho-theacsa cudromach airson *Fit for the Future*.
- Tha Riaghaltas na h-Alba a' libhrigeadh a Phlana Ghàidhlig fhèin a bheir buaidh air obair thar sgiobaidhean Riaghaltas na h-Alba air fad agus a tha a' toirt seachad co-theacs sònraichte airson gach leasachadh ro-innleachdail a thathar a' dèanamh às leth Riaghaltas na h-Alba.
- Tha Leasachadh Sgilean na h-Alba, SQA, Comhairle Maoineachaidh na h-Alba uile a' libhrigeadh am Planaichean Gàidhlig fhèin an-dràsta mar a chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig:

Plana Gàidhlig Leasachadh Sgilean na h-Alba

Tha iomradh anns a' phlana air a' Ghàidhlig mar stòras eaconamach is cultarail luach £82 - £149 millean. Thathar a' libhrigeadh farsaingeachd de ghnìomhan co-cheangailte ri feumalachdan dhaoine òga ann am FtG, Ro-innleachd Turasachd na Gàidhlig, Preantasachdan, Fiosrachadh Dreuchdan agus Stiùireadh Comhairleachaidh agus brosnachadh a' chànain ann an obair chorporra na buidhne.

Plana Gàidhlig Comhairle Maoineachaidh na h-Alba

Tha am plana a' toirt fa-near gealltanais na buidhne gus dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig a' faighinn "spèis cho-ionann ri Beurla mar chànain oifigeil na h-Alba (Achd na Gàidhlig 2005)". Thathar a' libhrigeadh raon de ghnìomhan co-cheangailte ri maoineachadh bunaiteach cholaistean is oilthighean agus a bhith ag aontachadh ri aontaidhean builean a bheir buaidh air a' Ghàidhlig a bharrachd air an obair chorporra anns a bheil a' bhuidheann an sàs gus a' Ghàidhlig adhartachadh.

Plana Gàidhlig SQA

Tha am plana a' mìneachadh obair an SQA ann a bhith a' co-thaobhadh dhuaisean SQA agus Bun-preantasachdan agus Nua-phreantasachdan a thaobh na Gàidhlig agus FtG, a' cruthachadh sgrùdaidhean cùise co-cheangailte ri FtG agus a' brosnachadh teisteanasan FtG aig ìre nàiseanta is ionadail.

Tha am frèama airson Planadh Gàidhlig aig ìre nàiseanta is buidhne nan co-theacsan ro-chudromach airson a' chlàr-ghnothaich Ath-leasachaidh agus tha sinn a' moladh gun tèid barrachd cnuasachaidh a dhèanamh gus am bi na co-theacsan air an làn thuigsinn agus a' toirt buaidh air planadh leasachaidh air fad. Am measg nan sgrìobhainnean agus ro-innleachdan air an deach iomradh a thoirt airson *Fit for the Future* tha Geàrr-chunntas Riaghaltas na Cuimrigh air Achd Foghlaim Treas Ìre agus Rannsachaidh (A' Chuimrigh) a tha a' comharrachadh "A' Chuimrigh le Cultar agus Cuimris beòthail" mar fhear de na còig prìomh phrionnsabalan a tha mar bhunait dhan lèirsinn ro-innleachdail. Dh'fhaodadh sealladh coltach ris a bhith air fhighe a-

steach nar smaoineachadh an Alba fhad 's a tha sinn an sàs ann an ath-leasachadh air feadh saoghal an foghlaim, nan sgilean agus an trèanaidh.

Co-theacsan Leasachaidh Ro-innleachdail a Bharrachd

A bharrachd air an fhiosrachadh san earrainn seo, tha na leasachaidhean a leanas cudromach:

Sruth-obrach Adhartas nas Luaithe: Eaconamaidh agus Solarachadh Luchd-obrach, air a stiùireadh le Leasachadh Sgilean na h-Alba agus Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean.

Stèidhich an Leas-phrìomh Mhinistear, Iain Swinney iomairt *Adhartas nas luaithe* ann an 2018 agus tha Rùnairean Caibineit le uallach airson na Gàidhlig air leantainn orra a' stiùireadh na h-iomairt, a tha ag amas air adhartas nas luaithe a libhrigeadh air cùisean leasachadh Gàidhlig bho bhuidhnean nàiseanta. Tha an iomairt a' gabhail a-steach grunn shruthan obrach, aon dhiubh sin mu Eaconamaidh agus Luchd-obrach. Tha plana gnìomh àrd-amasach aig an t-sruth-obrach seo a tha a' toirt còmhla gnìomhan bho raon de bhuidhnean a' gabhail a-steach Leasachadh Sgilean na h-Alba, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, Alba Chruthachail, Iomairt na h-Alba, Comhairle Maoineachaidh na h-Alba, Acadamaidh nan Iomairtean Sòisealta, Ùghdarras Theisteanas na h-Alba agus VisitScotland. Tha am plana obrach a' cuimseachadh air cùisean leithid Eaconamaidh na Gàidhlig, Sgioba-obrach Gàidhlig san Àm ri Teachd agus Fastadh is Glèidheadh Margaidh Obrach na Gàidhlig.

Buidheann-obrach Beatha Ghoirid air Cothroman Eaconamach is Sòisealta airson na Gàidhlig (Aithisg do Rùnaire a' Chaibineit airson Ionmhas agus na h-Eaconamaidh).

Anns a' Mhàrt 2022 ghairm Rùnaire a' Chaibineit airson Ionmhas is na h-Eaconamaidh Buidheann-obrach Beatha Ghoirid gus fòcas a chur air na cothroman eaconamach is sòisealta co-cheangailte ris a' Ghàidhlig. Am measg buill na buidhne bha comhairlichean agus stiùirichean coimhearsnachd le eòlas air cùisean Gàidhlig. Bheachdaich a' Bhuidheann air beachdan bho Bhòrd na Gàidhlig, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean agus Riaghaltas na Cuimrigh agus bho dhaoine is buidhnean ionchaidh. Rinn an aithisg gu Rùnaire a' Chaibineit 45 moladh airson leasachadh sa gheàrr-ùine, sa mheadhan-ùine agus san fhad-ùine thar nan raointean a leanas:

Àireamh-sluaigh agus Bun-structar
An Roinn Phoblach agus Planaichean Gàidhlig
Coimhearsnachdan
Foghlam
Prìomh roinnean

Tha an aithisg air fad ri fhaighinn aig

www.gov.scot/publications/short-life-working-group-economic-social-opportunities-gaelic-report-cabinet-secretary-finance-economy

3. Aithisg dheireannach *Fit for the Future* Caibideilean 1-3

Caibideil 1

Chan eil iomradh sam bith air Gàidhlig, FtG no coimhearsnachdan Gàidhlig sa chaibideil seo ach tha sinn a' toirt fa-near gu bheil iomradh air "daoine agus àiteachan uile na h-Alba" (1.19) agus " a' cur ri iomadachd an luchd-obrach" (1.27).

Cumaidh na freagairtean sa phàipear seo taic ri barrachd meòrachadh air a' cho-theacsa.

Caibideil 2 An Cruth-tìre an-dràsta: Cuspairean

Anns na 32 puingeann a chaidh a thogail ann an Caibideil 2 chan eil iomradh sam bith air Gàidhlig, FtG no coimhearsnachdan Gàidhlig ach a-rithist cuidichidh na molaidhean agus na beachdan anns a' phàipear fhreagairtean seo gus dèiligeadh ris a' chùis seo.

Caibideil 3: Prìomhachasan dhan Chruth-tìre san àm ri teachd

Chan eil iomradh sam bith air Gàidhlig, FtG no coimhearsnachdan Gàidhlig ann an Caibideil 3. Tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha raon de bheachdan agus mholaidhean leithid na leanas ann an 3.02:

- A' stèidheachadh raointean-ùghdarras nas soilleire
- Fèin-ùghdarras roinneil soilleir
- Maoineachadh poblach èifeachdach, sùbailte le builean agus buaidh
- Slighean ionnsachaidh ciallach aithnichte
- Gnìomhachasan a tha nan com-pàirtichean gnìomhach ann an leasachadh luchd-obrach
- Slighean conaltraidh sìmplidh, air an deagh shanasachd

Tha e cudromach gun tèid beachdachadh gu faiceallach air mar a libhrigeas pròiseasan ath-leasachaidh amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig, agus Planaichean Gàidhlig nam buidhnean làithreach agus Riaghaltas na h-Alba gu buil. Bheir am pàipear freagairt seo agus am pàipear freagairt airson *Its Our Future* taic do dh'obair a bharrachd. A bharrachd air sin, tha comhairle, beachdan agus molaidhean feumail a' buntainn ri Gàidhlig agus FtG ann am *Putting Learners at the Centre*

4. Molaidhean agus Freagairtean foirmeil bho Bhòrd na Gàidhlig

<p>1. Feumaidh dleastanas ceannardais nas soilleire a bhith aig Riaghaltas na h-Alba air poileasaidh ionnsachaidh às dèidh na sgoile agus feumaidh tar-shealladh nas treasa a bhith aca air libhrigeadh agus coileanadh.</p>	<p>Bidh e cudromach dèanamh cinnteach bhon chiad dol a-mach gu bheil tuigse shoilleir ann air amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus gu bheil na h-amasan sin leabaichte ann am planadh ro-innleachdail. Tha an aithisg a' toirt fa-near gum bu chòir obair a bhith ann gus</p> <p><i>"na raointean-ùghdarras agus na dùilean a chur an cèill gu soilleir".</i></p> <p>Bu chòir do raointean-ùghdarras agus dùilean a bhith a' gabhail a-steach uallaichean a thaobh Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus feumalachdan</p>
--	---

	<p>choimhearsnachdan FtG agus Gàidhlig air feadh na h-Alba.</p> <p>Tha sinn ag aontachadh ris a' bheachd gu h-ìosal agus a' moladh gun toirear barrachd aithne dhan Ghàidhlig agus do FtG:</p> <p><i>“diofar dhòighean ionnsachaidh, a' cleachdadh diofar cho-theacsan” (4.09)</i></p>
<p>2. Tron Adhbhar agus tro na prionnsabalan, bu chòir do Riaghaltas na h-Alba aon aithris shoilleir a stèidheachadh airson cò ris a bhios siostam ionnsachaidh iar-sgoile soirbheachail coltach agus mar a thèid adhartas a dh'ionnsaigh seo a thomhas.</p>	<p>Tha e cudromach gun tèid Gàidhlig agus FtG a ghabhail a-steach mar phàirt den aithris shoilleir airson an t-siostam ionnsachaidh às dèidh na sgoile. Tha sinn a' toirt fa-near dhan beachd a leanas</p> <p><i>“a' cur air adhart giùlan, gun fhiosta, a tha a' dol an aghaidh co-ionannachd spèis, rud air a bheil feum”</i></p> <p>Bidh e cudromach dèanamh cinnteach gu bheil Gàidhlig agus FtG air an gabhail a-steach nuair a thathar a' beachdachadh air cùisean co-ionannachd meas agus nach bidh droch bhuaidh air a' chànan ris nach eilear an dùil mar thoradh air dearmad.</p> <p>Tha sinn a' toirt fa-near do na leanas agus a' moladh gun tèid Gàidhlig agus FtG a thoirt a-steach sa cho-theacsa seo:</p> <p><i>“luach co-ionann do na diofar shuidheachaidhean agus slighean” (4.10)</i></p>
<p>3. Bu chòir do Riaghaltas na h-Alba a bhith an urra ri planadh sgilean nàiseanta.</p>	<p>Bidh e cudromach togail air obair SDS, SFC agus an SQA gus dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh margaidh agus dàta a rèir feumalachdan na Gàidhlig agus siostam FtG. Bidh e cudromach an cànan a thoirt a-steach do phrìomhachasan nàiseanta aontaichte airson leasachadh luchd-obrach agus sgilean.</p>
<p>4. Bu chòir do Riaghaltas na h-Alba teamplaid soilleir a stèidheachadh airson planadh sgilean roinneil.</p>	<p>Nuair a thathar a' stèidheachadh na teamplaid, bu chòir cùisean co-cheangailte ris a' Ghàidhlig a bhith air an làn amalachadh agus bu chòir dreuchdan agus dùilean a bhith soilleir (a' buntainn ri, mar eisimpleir, sgilean Gàidhlig, Margaidh Obrach na Gàidhlig agus solar FtG).</p>

	<p>Tha sinn a’ toirt fa-near do na h-ìomraidhean air Com-pàirteachasan Eaconamach Roinneil (tha 7 de na 8 com-pàirteachasan ann an roinnean a tha a’ toirt seachad FtG aig diofar ìrean). A bharrachd air sin, is urrainn am beachd a leanas co-theacs a thoirt seachad airson lìbhrigeadh amasan ro-innleachdail airson na Gàidhlig gu nàiseanta agus gu h-ionadail (mar a tha air a mhìneachadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig, planaichean Gàidhlig aig buidhnean agus Plana Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba is msaa).</p> <p><i>“prìomhachasan nàiseanta anns an gabh beachdachadh air amasan ionadail/roinneil” (4.27)</i></p>
<p>5. Bu chòir do Mhinistearan na h-Alba aon bhuidheann maoinachaidh nàiseanta a chomharrachadh agus a stèidheachadh.</p>	<p>Tha sinn a’ cur fàilte air a’ ghealltanais gus a bhith</p> <p><i>“a’ leabachadh ghealltanais a thaobh co-ionannachd, leudachadh ruigsinneachd agus obair chothromach taobh a-staigh an t-siostam libhrigidh”</i></p> <p>Bu chòir smaoinichadh ro-innleachdail gus dèanamh cinnteach gu bheil co-ionannachd ann a bhith a’ gabhail a-steach coimhearsnachdan Gàidhlig, an dà chuid dùthchail agus bailteil. Bu chòir dhan bhuidhinn maoinachaidh nàiseanta uallach a ghabhail gus amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig a bhrosnachadh bho thùs.</p>
<p>6. 7. Bu chòir do Riaghaltas na h-Alba ath-dhealbhadh a dhèanamh air a’ phròiseas airson a bhith a’ toirt seachad maoinichadh airson an t-solair ionnsachaidh is trèanaidh uile, a’ gabhail a-steach preantasachdan.</p>	<p>Bu chòir am pròiseas ath-dhealbhachaidh a bhith air a phlanadh agus air a lìbhrigeadh gus am bi feumalachdan margaidh obrach na Gàidhlig air an coileanadh agus gum bi Alba a’ faighinn làn bhuannachd às na sgilean a bharrachd a tha daoine òga a’ faighinn ann am FtG. Bu chòir sùil a chumail air na ro-innleachdan maoinichaidh uile gus dèanamh cinnteach gu bheil buaidh aca air amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus nuair a thathar a’ comharrachadh na leanas</p> <p><i>“prìomhachasan agus feumalachdan sgilean nàiseanta”</i></p> <p>Bu chòir aghaidh a thoirt air cùisean co-cheangailte ris a’ Ghàidhlig.</p>

<p>8. Bu chòir do Mhinistearan na h-Alba dèanamh cinnteach gu bheil raon-ùghdarras soilleir aig a' bhuidhinn theisteanasan ùra... airson a bhith a' cumail sùil nàiseanta air cruth-tìre theisteanasan às dèidh na sgoile.</p>	<p>Tha sinn a' cur fàilte air a' ghealltanais a bhith "a' coileanadh feumalachdan gach cleachdaiche siostaim". Bu chòir leasachadh na Gàidhlig agus leasachadh FtG a bhith air fhisghe a-steach do dh'amasan na buidhne theisteanasan ùra bho thùs. Bu chòir sùil gheur a chumail air adhartas gus a' bhuidhinn air amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig a thomhas.</p>
<p>9. Bu chòir do Riaghaltas na h-Alba sgrùdadh farsaing a dhèanamh air teisteanasan agus slighean às dèidh na sgoile.</p>	<p>Tha sinn a' toirt fa-near dhan mholadh gum bi frèaman sgilean air an chur còmhla mar "fhrèam nàiseanta singilte". Bu chòir làn bheachdachadh a dhèanamh air feumalachdan roinn na Gàidhlig nuair a thathar a' dealbhadh an sgrùdaidh agus bu chòir moladh sam bith a thig bhon sgrùdadh a lìbhrigeadh airson na Gàidhlig agus FtG a bharrachd air an t-siostam tron Bheurla.</p>
<p>10. Bu chòir do Riaghaltas na h-Alba, le com-pàirtichean iomchaidh, dealbhadh clàr trèanaidh didseatach a sgòpadh agus a choimiseanadh.</p>	<p>Mar a tha sinn air a mholadh nar freagairt do <i>It's Our Future</i> bu chòir an clàr trèanaidh didseatach a bhith ri fhaighinn gu h-iomlan sa Ghàidhlig agus a bhith a' clàradh na chaidh a choileanadh tro mheadhan na Gàidhlig.</p>
<p>11. Bu chòir SDS ath-leasachadh gu mòr agus ath-dhealbhadh mar a' bhuidheann nàiseanta airson foghlam agus brosnachadh dhreuchdan.</p>	<p>Bu chòir structaran Foghlam is Brosnachadh Dhreuchdan a bhith air an làn cho-thaobhadh ri feumalachdan roinn na Gàidhlig.</p> <p>Tha sinn a' toirt fa-near dhan bheachd a thaobh Caidreachas Seirbheisean Dhreuchdan agus a dhleastanas gus</p> <p><i>"piseach a thoirt air càileachd comhairle agus solar dhreuchdan ann an Alba".</i></p> <p>Bu chòir dhan phlanadh ro-innleachdail uile a thaobh seo aire a thoirt do dh'fheumalachdan FtG agus margaidh obrach na Gàidhlig.</p>
<p>12. Bu chòir lìonra de bhùird luchd-fastaidh roinneil agus fòram luchd-fastaidh nàiseanta a stèidheachadh.</p>	<p>Coltach ri molaidhean eile a rinn sinn, bu chòir feumalachdan roinn na Gàidhlig a bhith mar phàirt de structar nam frèaman ùra.</p>
<p>13. 14 Tha e soilleir gum bu chòir uallach gus taic a thoirt do ghnòthachasan le sgilean agus planadh luchd-obrach a bhith aig na trì buidhnean iomairt</p>	<p>Tha sinn toilichte gun deach an cuspair seo a chomharrachadh</p> <p><i>"Gnìomhachasan le feumalachdan luchd-obrach comharraichte nach eilear a' coileanadh gu furasta tro na seirbheisean a th' ann mar-thà"</i></p>

	<p>Bu chòir cnuasachadh air feumalachdan margaid obrach na Gàidhlig agus air na cothroman a th' ann gus a leasachadh barrachd. Bu chòir do na trì buidhnean iomairt fiosrachadh a chruinneachadh mun bhuidhnean a bhios aca air amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus aithris a dhèanamh air an soirbheasan gu cunbhalach.</p>
<p>15. Feumaidh Riaghaltas na h-Alba àiteachan inntrigidh a mhpadh, a chonaltradh agus a bhrosnachadh gu soilleir airson diofar luchd-cleachdaidh aig an t-siostaim.</p>	<p>Bu chòir eisimpleirean co-cheangailte ri FtG agus roinn na Gàidhlig a bhith air an cleachdadh ann a bhith a' mapadh puingean inntrigidh agus san ro-innleachd conaltraidh is adhartachaidh a thig bhon ghnìomh seo. Tha Turas Chaluim – turas ionnsachaidh FtG, a tha air a sholarachadh mar eisimpleir ann an <i>Its Our Future</i>, na dheagh eisimpleir air mar a ghabhas ionnsachadh na Gàidhlig a ghabhail a-steach mar phàirt de shealladh farsaing air roghainnean.</p>